



Teisteanais
Nàiseanta
2025

2025 Gàidhlig

Leughadh

Higher

Question Paper Finalised Marking Instructions

© Scottish Qualifications Authority 2025

These marking instructions have been prepared by examination teams for use by SQA appointed markers when marking external course assessments.

The information in this document may be reproduced in support of SQA qualifications only on a non-commercial basis. If it is reproduced, SQA must be clearly acknowledged as the source. If it is to be reproduced for any other purpose, written permission must be obtained from permissions@sqa.org.uk.

General marking principles for Gàidhlig Reading Higher

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates gain marks for their understanding of the ideas of the passage, and their analysis and evaluation of the writer's use of language.
- (d) Candidates should use their own words as far as possible, unless the candidate is discussing or analysing a quotation.
- (e) Accept answers other than those in the marking instructions, as long as they are relevant and appropriate. Award marks according to the accuracy and relevance of the candidate's response.
- (f) In the final question, candidates gain marks for their ability to infer and summarise the ideas of the whole text.
- (g)
 - (i) For questions that ask simply 'Carson...', candidates must give a brief, accurate response/name.
 - (ii) For questions that ask candidates 'Mìnich...' or ask 'Ciamar...', they must identify cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (iii) For questions that ask candidates 'Seall mar a tha...', they must identify features of language and discuss their relationship with the ideas of the passage as a whole. Features of language might include, for example word choice, imagery, tone, sentence structure, punctuation, sound techniques.
 - (iv) For questions that ask 'Carson, nad bheachd...', candidates must make a personal judgement based on the text and task.

Stiùiridhean Comharrachaidh

Leughadh

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1		<p>Tha e na aonar anns an t-seann taigh a' toirt seann phàipear bho na ballachan/a' feuchainn ris an taigh a chàradh</p> <p>Tha e air a bhith ag obair uabhasach trang air an taigh airson greis mhath</p> <p>Tha an taigh ann an droch staid oir cha b' urrainn don t-seann bhoireannach leis an robh e a chumail aig ìre</p>	3	Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.
2.		<p>Taghadh-facail</p> <p>“Cha robh fhios aige...”/“shaoil e” - bha e air a bhith ag obair cho cruaidh 's nach robh e mothachail air an uair. (1)</p> <p>“a' sreap ri meadhan-oidhche” - tha e ag obair anmoch, seachad air uairean àbhaisteach. (1)</p> <p>Ath-aithris</p> <p>“Feasgar an dèidh feasgair, bha e air a bhith ag obair” - Tha an ath-aithris a' sealltainn gu bheil e air a bhith ag obair air an taigh a h-uile oidhche airson greis mhòr. (1)</p> <p>“a' sgrìobadh” - bhon a tha e a' nochdadh barrachd air aon turas tha e a' sealltainn gu bheil an obair a' dol air adhart gu cunbhalach (1)</p> <p>Fuaimealas</p> <p>“a' sgrìobadh” - cluinnidh sinn an oidhirp a tha an duine a' dèanamh na obair</p> <p>“(Fiu 's nuair nach robh e ris an obair) chuireadh e cais air.” - tha an taigh a' glacadh aire gun fhiosta nuair a tha e a' dèanamh rudan eile (1)</p>	2	Cha bu chòir togail air an aon fhianais da thuras.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.	<p>A trì a-mach à:</p> <p>Tha an samhla - “mar lannsair sgileil a’ gearradh chun a’ chnàimh” a’ toirt oirnn tuigsinn gur e obair mhionaideach, dhomhainn a tha aig an duine ri dhèanamh air an taigh robach (1)</p> <p>Samhla/pearsanachadh - “an t-euslainteach a shàbhaladh” Tha an taigh air a shamhlachadh mar euslainteach a tha faisg air a’ bhàs. Tha seo ag innse dhuinn gu bheil an taigh gus tuiteam às a chèile agus gu feum an duine an obair seo a dhèanamh ma tha an taigh gu bhith buan (1)</p> <p>“beag air bheag ga bhàthadh” tha seo mar mheatafor air mar a tha droch staid an taighe ga chur fodha agus tha e coltach nach tèid aige air an taigh a chrìochnachadh (1)</p> <p>Tha an àradh àrd mar mheatafor air na ceumannan mòra/sreap a tha air thoiseach air an duine gus an taigh a chur ceart (1)</p> <p>Tha an “seann rèidio nach b’ urrainn dha fhaighinn gu dol” mar mheatafor a h-uile càil san taigh a tha feumach air càradh (1)</p>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.		<p>A dhà à:</p> <p>“Ahh, Catriona.” Tha am meanbh-sheantans seo a’ cur fìor chuideam air an spèis a tha aige dhi</p> <p>Tha an seantans, “Boireannach laghach, comasach, le sùilean brèagha” na liost air na feartan a tha, na bheachd, aice</p> <p>Tha na trì puingean anns an t-seantans, “S i a lasadh suas rumannan dorcha a bheatha . . . nam biodh de mhisneachd aige” a’ sealltainn dhuinn gu bheil e eagalach dèidheil air Catriona ach nach eil de mhisneachd aige dad a dhèanamh mu dheidhinn</p>	2	
5.		<p>Tha “dorchadas” a’ samhlachadh a bheatha, thuige seo, a tha “trom” agus “aonaranach” (1)</p> <p>Tha “choinneal bheag” a’ nochdadh dhuinn mar a tha beagan dòchais aige gun tig atharrachadh air gnothaichean (gun cuir e crìoch air an taigh ach gu sònraichte, gum bi e fhèin agus Catriona còmhla) (1)</p>	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.	<p>A dhà à:</p> <p>“an dèidh dha an còigeamh pàipear a shràcadh dheth, thug e an aire do sgrìobhadh” - Bha e air a bhith a’ sgrìobadh airson ùine fhada/bha e air a bhith ag obair gu trang/bha e air a dhol tro chòig pàipearan mar-thà agus bha e taingeil gun robh an obair gu bhith deiseil</p> <p>““Tha gaol aig Màiri Chaimbeul air Iain Caimbeul.”” - Bhon a bha an taigh a-nise na dhroch staid agus cho aonaranach, bha e toilichte gun d’ fhuair e fios gun robh gaol san taigh aig aon àm</p> <p>“Seadh gu dearbh!” - Ma ’s e ’s gun robh gaol aicese na beatha uaireigin, ’s dòcha gun robh dòchas ann don duine gum biodh gaol aigesan na bheatha cuideachd</p> <p>“Saoil dè seòrsa beatha a bha aig a’ chaillich? Cha robh càil ri fhaicinn a dh’innseadh dha.” Tha a’ cheist air a freagairt - tha e a’ toirt fios dha mun bhoireannach a b’ àbhaist a bhith a’ fuireach san taigh (“B’ e Caimbeul an sloinneadh a chunnaic e air an doras a-muigh ceart gu leòr.”) - a’ toirt cothrom dha ceangal a dhèanamh ris na daoine a bha san taigh roimhe/a’ toirt air gun a bhith a’ faireachdainn cho aonaranach</p>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.		<p>A trì à:</p> <p>Nuair a chunnaic e dealbh dhiubh thog e e gus sùil cheart a thoirt air</p> <p>Bha an dealbh làn dust agus ghlan e e gu faiceallach</p> <p>Rinn e gàire a' smaoinichadh air cho toilichte 's a bha iad an latha a phòs iad</p> <p>Thug an dealbh air a mhac-meanmna dùsgadh 's e a' smaoinichadh air an spòrs a bha aca san taigh</p> <p>Tha an dealbh a' toirt air a bhith brònach nach robh iad ann tuilleadh</p>	3	
8.		<p>A trì à:</p> <p>“a' dannsa timcheall a' bhùird le bruis is bucaid” - mar a bha iad aighearrach a' dèanamh obair a dh'fhaodadh a bhith dòrainneach</p> <p>“saoghal làn de ghaol is gàire” - an toileachas a bha sa chàirdeas aca</p> <p>“taigh sona, seasgair” - bha dachaigh thèarainte, chofhurtail aca</p> <p>“cha robh guth air faoineas no fealla-dhà an-diugh” - tha atharrachadh air tighinn air gnothaichean, chan eil spòrs san taigh a-nis</p>	3	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
9.	<p>A trì a-mach à:</p> <p>Taghadh facail: Tha e a' cleachdadh an fhacail “sgrìobadh” airson sealltainn na tha e a' dèanamh leis na ballachan san taigh ach cuideachd airson sealltainn gu bheil obair dhòrainneach aige ri dhèanamh air a' choimpiutair san oifis gach latha. Tha seo a' toirt oirnn faireachdainn nach eil crìoch air an obair dhoirbh aige</p> <p>“Bha e feumach air fois”, “am fallas a' sruthadh sìos aodann” - Tha an duine air a chlaoidh leis an obair chruaidh. Tha an obair ga fhàgail uabhasach sgìth</p> <p>“gach oidhche”, “gach latha”, “a' sìor chladhach”, “gun stad”, “Mean air mhean” - chan eil an obair seo gu bhith seachad ann an ùine ghoirid. Tha an taghadh-facail a' sealltainn dhuinn gu bheil aige ri bhith a' cumail a' dol leis an obair</p> <p>Uaim: Tha an obair seo a' toirt ùine fhada - “sgrìobadh agus sgròbadh” tha uaim a' sealltainn mar a tha an obair a' dol air adhart gun stad./“gach oidhche a' sgrìobadh . . . sgrìobadh de sheòrsa eile... sgrìobadh agus sgròbadh”</p> <p>Ath-aithris: “gach oidhche”, “gach latha” - Tha ath-aithris a' sealltainn dhuinn mar a tha an obair leantainneach</p> <p>Ìomhaigheachd: “mar àrceolaiche a' sìor chladhach airson rud prìseil a lorg” Tha an ìomhaigh de dh'àrceolaiche a' sealltainn mar a tha e a' rannsachadh an taigh agus a' dol air ais tro eachdraidh</p> <p>“cha bhiodh e sàsaichte gus an ruigeadh e freumhan an taighe.” Tha e ann an èiginn an taigh a thoirt às a chèile gus am faigh e cothrom ath-thogail</p>	3	

Ceist			Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
			<p>Ath-aithris: “gach oidhche”, “gach latha” - Tha ath-aithris a' sealltainn dhuinn mar a tha an obair leantainneach</p> <p>Ìomhaigheachd: “mar àrceolaiche a' sìor chladhach airson rud prìseil a lorg” Tha an ìomhaigh de dh'àrceolaiche a' sealltainn mar a tha e a' rannsachadh an taigh agus a'dol air ais tro eachdraidh</p> <p>“cha bhiodh e sàsaichte gus an ruigeadh e freumhan an taighe.” Tha e ann an èiginn an taigh a thoirt às a chèile gus am faigh e cothrom ath-thogail</p>		

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.		<p>'S e “cailleach” a tha innte chan urrainn dhi mòran a dhèanamh air</p> <p>Tha an duine ga h-aithneachadh bhon dealbh leis gun robh aodach bannse oirre - “air a còmhdach gu tur ann an geal”</p> <p>Chan eil am boireannach ag iarraidh air stad a dh'obair - tha e a' tuigsinn gu bheil i air tighinn airson dèanamh cinnteach gu bheil e a' coimhead an dèidh an taighe agus 's dòcha airson sealltainn dha gum b' urrainn dha a bhith toilichte ann cuideachd</p> <p>Tha e air a bhith cho aonaranach 's gu bheil e an ìre mhath mar fhaochadh dha cuideigin (a b' aithne dha) fhaicinn san taigh còmhla ris</p>	2	Feumar freagairtean a bhith a' nochdadh gu bheilear a' tuigsinn plota na sgeòil.
11.		<p>Chuir e fòn gu Catriona</p> <p>Sgrìobh iad na h-ainmean aca air a' bhalla</p> <p>(Thàinig i agus) bha iad còmhla airson a' chòrr dhem beatha</p>	3	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12.		<p>Eisimpleir 1: Cruthaich d' eachdraidh fhèin/gabh an cothrom no chan atharraich dad na do bheatha (1)</p> <p>Mìneachadh: Mura biodh am prìomh character air fios a chur gu Catrìona bhiodh e leis fhèin/cha tigeadh atharrachadh air a bheatha (1)</p> <p>Eisimpleir 2: Tha beatha mar chearcall - ginealach a' falbh agus ginealach ùr a' tighinn na àite (1)</p> <p>Mìneachadh: "Chruthaich na Caimbeulaich beatha dhaibh fhèin san taigh ach thàinig sin gu crìch agus tha an dithis eile a-nise dol a dhèanamh an aon rud (1)</p>	2	Feumaidh luchd-ceartachaidh am beachd proifeiseanta a chleachdadh ann a bhith a' ceartachadh nam freagairtean seo.

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]